# An Comunn Gàidhealach

Cèitean - Ògmhios / *May - June 2012*

An Comunn Gàidhealach, Taigh a' Mhorair Leverhulme, Ceàrnag Phearsabhail, Steòrnabhagh, Eilean Leòdhais HS1 2DD.
www.ancomunn.co.uk Fòn 01851 703 487. Post-d: marina@ancomunn.co.uk

## Facal bho Stiùiriche a' Mhòid

Tha mi uabhasach toilichte gu bheil an cothrom seo agam facal no dhà a sgrìobhadh airson cuairt-litir na mìos seo.

Tha cùisean a' dol air adhart mar bu chòir airson Mòd Nàiseanta Rìoghail na bliadhna-sa, ged tha mi fhathast a' strì le clàr-ama Diluain agus Dimàirt – na làithean as trainge san t-seachdain. 'S e cothrom math tha seo faighneachd a bheil beachdan sam bith aig a'mhòr-shluagh air cò na farpaisean bu chòir gluasad, abair bho Diluain gu Dimàirt, no bho Dimàirt gu Diluain? Tha mi air a bhith beachdachadh air na farpaisean beul-aithris air fad – luchd-ionnsachaidh agus fileantaich - a chumail Diluain, ach bhithinn toilichte cluinntinn bho dhuine sam bith aig a bheil beachd? (Cuiribh beachdan sam bith gu feedback@ancomunn.co.uk)

Air an t-seachdain seo chaidh, bha mi ann an Uibhist aig a' Mhòd Ionadail aca, a chaidh a chur air adhart son a'chiad uair ann am mòran bhliadhnaichean. Bha suas ri 200 a'gabhail pàirt ann am farpaisean na cloinne ann an Sgoil an Iochdar Dihaoine 1 Òg-mhios. Bha còisir ann bho cha mhòr a h-uile sgoil ann an Uibhist, agus clann à Uibhist agus Barraigh a'seinn ann am farpaisean aon-neach, càraid agus còmhlain, a bharrachd air farpaisean beul-aithris. Feasgar, dh'èist sinn ris na h-inbhich, agus gu dearbh tha mi cinnteach gun cuala mi feadhainn a bhios comasach air Bonn Òr a bhuannachd ann an ùine nach bi fada.

Madainn Disathairne, thill sinn airson farpaisean dannsa, le cha mhòr ceud dannsairean à Leòdhas, Uibhist agus Barraigh a'gabhail pàirt. Feasgar Disathairne bha pìobaireachd ann, ach gu mì-fhortanach bha againn ri tilleadh dhachaigh, agus chaill sinn na farpaisean sin, agus a'Chuirm air an oidhche! Leis na chunna mi, chan eil teagamh sam bith gun cùm Mòd Ionadail Uibhist a'dol an ath bhliadhna agus anns na bliadhnaichean ri tighinn. Bu mhath leam taing mhòr a thoirt don Chomataidh Ionadail airson an obair mhòr a rinn iad ann a bhith ag ullachadh thairis air na mìosan a dh'fhalbh.

Anns na seachdainean ri tighinn, bidh mi an làthair aig coinneamh Comataidh Ionadail Dhùn Omhainn, agus cuideachd aig coinneamh poblach airson Mòd an Òbain 2015 a chur air bhonn. Chan eil fois ann idir!

Anns an dealachadh, am faod mi cur nur cuimhne gum feum na taghaidhean agaibh a bhith a-staigh ann an oifis ùr Inbhir Nis ro dheireadh an Òg-mhios!!

## *Message from the Mod Director*

*I am pleased to have this opportunity to write a few words for this month's newsletter.*

*Everything is progressing well for this year's National Mòd in Dunoon, though I am still struggling with the time-tabling for Monday and Tuesday – the busiest days in the whole week. In fact I'll take this opportunity to ask if members have any opinion on which competitions should be moved from Tuesday to Monday, or vice-versa? I have been thinking about holding all the oral competitions – Learners and Fluent – on Monday, but I would be pleased to hear from anyone who has any thoughts about this? (Please send any suggestions to feedback@ancomunn.co.uk)*

*I attended the Uist Local Mòd, which went ahead after a gap of some years. Almost 200 took part in the Junior competitions in Iochdar School on Friday 1st June. There was a choir from nearly every school in Uist, and competitors from Uist and Barra took part in solos, duets and groups, as well as many oral competitions.*

*In the evening, we heard the adult singers, and I am sure that I was listening to some who are potential Gold Medal winners in years to come.*

*On Saturday morning, we returned for the Highland Dancing competitions, and saw almost 100 dancers from Barra, Uist and Lewis showing us what they could do. The piping competitions were taking place on Saturday afternoon, but unfortunately, because we were returning home that day, we missed these, and also the Concert at night.*

*From what I saw and heard, I have no doubt that Mòd Ionadail Uibhist will keep going next year, and in the years to come.*

*I would like to thank the local committee for the tremendous work they have done over the last few months. Everyone I met had nothing but praise for the committee, and the whole community, for what they had done in bringing this to fruition.*
*In the next couple of weeks, I'll be attending a meeting of the Dunoon Local organising Committee, and also a public meeting for seting up the committee for the Oban Mòd 2015. No rest for the wicked!!*

*Finally, may I remind everyone that Own choices should be sent to the new office in Inverness by the end of June!!*

## Mòdan Ionadail

Thèid na Mòdan Ionadail a leanas an cumail air na mìosan a tha romhainn. Tha sinn a' guidhe gach soirbheachas dha gach Comataidh, farpaiseach agus a-huile duine eile a bhios an sàs anns na tachartasan seo. Feuch gun cur sibh thugainn beagan fiosrachadh ag innse mar a chaidh dhuibh!

## *Provincial Mods*

*The following Provincial Mods will be taking place over the next couple of month. We would like to wish all Committee Members, Competitors and all other volunteers, the very best for each Mod. Let us know how you get on! Why not get involved with a local committee in your area?*

Mòd Ionadail Àird nam Murchan
(Ardnamurchan)
15 Ògmhìos (June)

http://www.acgmod.org/localmods/detail/ardnamurchan
davidandval.barker@btinternet.com

Mòd Ionadail Inbhir Nis
(Inverness)
15 & 16 Ògmhìos (June)

http://www.acgmod.org/localmods/detail/inverness
sineanna@aol.com

Mòd Ionadail Ghlaschu
(Glasgow)
15 & 16 Ògmhìos (June)

http://www.acgmod.org/localmods/detail/glasgow
macneilbuchanan@tiscali.co.uk

Mòd Ionadail an t-Eilean Sgitheanach
(Skye)
16 Ògmhìos (June)

http://www.acgmod.org/localmods/detail/skye
maireadnicolson@btinternet.com

Mòd Ionadail an Òbain
(Oban)
22 & 23 Ògmhìos (June)

http://www.acgmod.org/localmods/detail/oban
seccganobain@aol.com

Mòd Ionadach na Dreòlluinn
(Mull)
7 & 8 Sultain (September)

**http://www.acgmod.org/localmods/detail/mull**
rionawhyte@btinternet.com

Mòd Ionadail Dhail Riata
(Dalriada)
15 Sultain (September)

http://www.acgmod.org/localmods/detail/dalriada
christine@beinnbhan.freeserve.co.uk

Gheibhear liosta de na farpaisean, foirmean-iarrtas agus fiosrachadh mu Chomataidhean na Mòdan Ionadail @ / *You can view competition details, entry forms & committee information in the Provincial Mod section of our website @* http://www.acgmod.org/localmods

## Mòd Ionadail Sruighlea

’Be Mòd Ionadail shoirbheachail a bh’ ann ann an Sruighlea a-rithist a chaidh a chumail air an 19mh & 20mh den Chèitean, le 50% a bharrachd a’ gabhail pàirt ann am farpaisean na h-òigridh am bliadhna.

‘Be seo an 50mh bliadhna den Mhòd agus chaidh seo a chomharrachadh le tachartasan sònraichte, nam measg cruinneachadh de na Còisirean gu lèir a thàinig còmhladh mus do thòisich farpaisean na h-inbhich. Be Coinneach MacThòmais a stiùir na Còisirean agus bha mòran anns an luchd-èisteachd, luchd-turais agus muinntir an àite fhèin.

Chaidh fàilteachas sònraichte a chumail le Comhairle Sruighlea far an robh riochdairean a tha an dràsta, no a bha uaireigin nam buill air Comataidh a’ Mhòid, riochdairean iondail agus feadhain eile a tha air taic a thoirt don Mhòd Iondail thairis air na bliadhnaichean. Thug Mike Robbins, Pròbhost Sruighlea, seachad duais Snowdon dha Còisir Ghàidhlig Struighlea a bhuannaich farpais 4-fhillte na bliadhna seo.

Tha Mairi Anna Brown, Neach-gairm a’ Mhòid, a’ toirt taing mhòr dhan a h-uile duine a chuidich gus dèanamh cinnteach gun robh 50mh Mòd cho soirbheachail!



## *Stirling Provincial Mod*

*Mod Ionadail Shruighlea 2012 took place on the 19th and 20th May and the event was once again a great success, with junior entries up 50% on the previous year.*

*This year marked the 50th anniversary of the Mod and several special events took place to mark the occasion, including an impromptu ‘Massed Choir’ which took place in the centre of the town prior to the start of the senior competitions. The choir was conducted by Kenneth Thomson and the performance was watched by a good crowd of both visitors and locals alike.*

*Stirling Council hosted a Civic Reception which was attended by committee members past and present, local dignitaries as well as many others who have supported the Mod over the years. Provost of Stirling, Mike Robbins, presented the Snowdon Rosebowl to Stirling Gaelic Choir who won the four-part choral singing competition.*

*Mod Convenor, Mary Ann Brown, extends a huge thank you to all those who made the 50th Mod such a special occasion!*







## *Mòd Ionadail Leòdhais*

'B e Mòd Ionadail air leth soirbheachail a chaidh a chumail ann an Leòdhas eadar 28 Cèitean agus 1 Ògmhios a-rèir Comunn Gàidhealach Leòdhais.

Ghabh mu 650 farpaiseach pàirt ann an còrr is 50 farpais thairis air an t-seachdain. Tha e follaiseach gu bheil cànan agus cultar na Gàidhlig fhathast gu math fallain ann an Leòdhas.

'B e seo a' chiad Mòd Ionadail a chaidh a chumail air an eilean bho dh' fhosgail dhà de na sgoiltean coimhearsnachd ùr agus tha àireamhan na farpaisean air fuireachd gu math fallain.

Thuirt Cathraiche a' Mhòid, Amy NicAmhlaigh "'Se Mòd shoirbheachail eile a bha seo. Bha sinn air leth toilichte leis cho àrd 's a bha ìre fileantachd na farpaisich. Tha e gu h-àraidh tlachdmhor gu bheil blas dualchaint dùthchail na diofar sgìrean fhathast ri chluinntinn a-measg na cloinne. Tha e a' sealltainn dhuinn an obair mhòr a thathas a' dèanamh anns na sgoiltean anns na h-eileanan agus le pàrantan. Taing mhòr dha na britheamhan, stiùbhardan, tidsearan, pàrantan ach gu sònraichte dhan chloinn fhèin a tha ag obair gu cruaidh dhan chànan."









## Lewis Provincial Mod

*Comunn Gàidhealach Leòdhais hailed the success of the local Mod, which took place between 28 May & 1 June.*

*With approximately 650 individual competitiors taking part in over 50 competitions it appears that the Gaelic language and culture is in safe hands with the standard that was apparent among competitors. This was the first Lewis Mod to be held since a re-organisation in the schools estate on the island and competitor numbers have been very encouraging.*

*Mod convener Amy MacAulay said: "This was once again a very good Mod. We are very impressed with the levels of fluency among the children and particularly with how strong the local dialects remain. It shows the sterling work that is going on in all our schools in the islands and among the parents."*

*A new non-competitive event for P1-4 Choirs featured as part of this year's Mod programme, which saw a number of schools perform in the Town Hall to a packed and very appreciative audience.*

*"We would like to thanks all our helpers, the adjudicators, the stewards and the teachers, but especially the children who make all the effort worthwhile."*

## Mòd Ionadail Ìle



***Above:*** **Na h-Uiseagan - Bowmore Primary - winners of Folk Groups**
***Above Right:*** **Port Ellen Primary Gaelic Choir - winners of Psalm and Unison (Primary)**
***Right:*** **Coisir Òg Ghàidhlig Ile - winners of Puirt a Beul and Choral Singing under 19 years**

*Chaidh Mòd Ionadail Ìle a chumail air an 2mh den t-Ògmhios ann an Àrd Sgoil Ìle. Ghabh 150 neach ionadail pàirt ann an 47 farpais thairis air an latha. 'B e seo a' chiad uair a ghabh gach Bun Sgoil air an eilean pàirt airson faisg air 20 bliadhna.*

*Bha measgachadh de fharpaisean ann, le feadhainn ùra a chaidh a stèidheachadh gus cothrom a thoirt dhaibhsan a bhios a' cluiche Clàrsach, Fidheal no Feadan aig Fèis Òigridh Ìle & Dhiura. Chaidh 21 duais a bharrachd a cheannachd airson farpaisean ùr agus airson farpaisean aig nach robh duaisean*

*Bha Talla Cruinneachaidh Àrd Sgoil Ìle làn airson Cuirm Criochnachaidh a' Mhòid, far an d' fhuair daoine cothrom èisteachd ri tàlantan an fheadhainn a bhuannaich.*

*Bha sinn mothachail gun robh a h-uile duine a bha an sàs anns a' Mhòid cho càirdeil agus dh' obraich iad uile cho math le chèile – rudeigin a tha follaiseach aig na Mòdan Ionadail & na Mòdan Nàiseanta air fad – a' sealltainn gur e an aon amas a th' againn uile agus 'se sin gu bheil sinn uile airson ar cànan, ar ceòl agus ar cultar a dhìon.*

*Tha sinn a' coimhead air adhart ri Mòd Nàiseanta Rìoghail 2012 ann an Dùn Omhain agus Mòd Ionadail shoirbheachail eile ann an Ìle a-rithist ann an 2013.*

*Suas leis a' Ghàidhlig.*

## Islay Provincial Mod





*The Islay Mòd held in Islay High School on Saturday 2nd June was an entirely local event, with 150 competitors taking part in 47 competitions throughout the day, and of particular note is the fact that for the first time in around twenty years every primary school on the island was represented by a choir.*

*Also of note is the range of competitions, particularly those recently created to accommodate students from Fèis Oigridh Ile agus Dhiùra who are tutored in Clarsach, Fiddle and Whistle. In 2010-12 an additional 21 trophies were purchased for new competitions and for existing competitions that did not have a trophy.*

*The Islay High School Assembly Hall was packed-full for the evening Prizewinners Concert, giving all who attended an opportunity to hear the wonderful talent on display. Something worth commenting on, and which is evident at the National and other Mòds, is the relationship between participants: everyone is friendly and work together with a common aim: that of maintaining our Gaelic and Musical tradition and culture. We all look forward to the Royal National Mod in Dunoon, and to another successful Islay Mòd in 2013.*
*Suas leis a' Ghàidhlig.*

## Mòd Ionadail Ghallaibh is Chataibh

'S e tìde mhath agus fàilte cridheil a bh' ann dhan h-uile duine a thadhail air Mòd Ionadail Ghallaibh is Chataibh a chaidh a chumail aig an deireadh sheachdain an Inbhir Ùige.

Shiubhail daoine às a' Ghearrasdan, Glaschu, Banbh agus na h-Eileanan an Iar airson taic a thoirt mar stiùbhardan, britheamhan is eile.

Thuirt Raymond Bremner, Cathraiche Meur Ionadail den Chomuinn, "'se latha sgoinneil a bh' ann agus chòrd e ris a h-uile duine. Bha mòran den fheadhainn a thàinig à àiteachan eile, a bhios an sàs ann am Mòdan Ionadail iad fhèin, ag ràdh cho àrd's a bha ìre tàlant na farpaisich againn. Tha pàrantan agus tidsearan air a bhi a' dèanamh obair sònraichte leis an òigridh agus tha seo follaiseach leis an tàlant a tha sinn a' coimhead. Tha mòran de na farpaisich againn air cuiridhean fhaighinn airson cuir a-steach airson Mòdan Ionadail eile agus thathas ag iarraidh gum brosnaich sinne iad gus seo a dhèanamh. Tha seo a' dearbhadh dhuinn gu bheil iad cho comasach agus gu bheil duine dhan coimhead mar phàirt de saoghal nam Mòdan a-nis, leis cho soirbheachail 's a tha iad air a bhi bho chionn ghoirid.

Tha sinn a' moladh an comataidh agus gach neach a thug cuideachadh sam bith dhuinn, gus dèanamh cinnteach gur e Mòd shoirbheachail a bhiodh againn"

Thàinig cùisean gu crìoch le Cuirm agus Cèilidh le còmhlan Iain Aonghas MacLeòid, a ghabh pàirt cuideachd ann an cuirm ron a' Mhòd. Ghabh Alasdair Whyte, a choisinn Bonn Òr a' Chomuinn, agus measgachadh de na farpaisich a bhuannaich duaisean aig a' Mhòd, pàirt anns a' chuirm cuideachd, far an robh mòran an làthair air an oidhche.

Thàinig Còisirean Mealabhaich, an Luirg agus Inbhir Nàrann còmhladh a sheinn dhan luchd-èisteachd a bh' ann an Taigh Òsta Nethercliffe agus aig a' chuirm, gus cùisean a thoirt gu crìch.

'S e am Mòd Ionadail seo an aon fhear a tha a' leanntainn cruth a' Mhòd Nàiseanta, le bhi a' gluasad gu diofair àiteachan gach bliadhna.

Tha e coltach gur ann am Blàran Odhar a thèid Mòd Ionadail 2014 a chumail.



***Còisir Ghàidhlig Mealabhaich***

## *Sutherland & Caithness Provincial Mod*

*Fine weather and a warm welcome awaited visitors to the Caithness and Sutherland Provincial Mòd which took place in Wick at the weekend.*

*Volunteers and adjudicators came from as far away as Fort William, Glasgow, Banff and the Western Isles.*

*Raymond Bremner, Chairperson of the local branch of An Comunn Gàidhealach said "There was a great atmosphere on the day and everyone seemed to be enjoying themselves. The main notable comment we had from the adjudicators on the day and also from the visiting volunteers, many of whom are involved in Local Mòds in other areas, was the high standard of performance and wealth of talent that we have here. Parents, teachers and volunteers have been doing great work with the young folk and it is very much paying off. We have received invitations to encourage as many of our local youngsters to take part in other Local Mòds which would lead us to believe that they are recognised as an established part of the Mòd scene now following their successes in recent years."*

*The committee and volunteers are to be commended for the work they undertook during the day and for helping to make it so successful."*

*The event culminated in a Gala Concert and Ceilidh with the Iain Angus MacLeod Band who featured on Friday evening at a very successful pre-Mòd event in the Old Smiddy Inn in Thrumster. Guest artiste Alasdair Whyte, Mòd Gold Medallist from the Isle of Mull performed in front of a well attended evening which also featured performances from the main prize winners of competitions held during the day's event.*

*Melvich, Lairg and Nairn Gaelic Choirs were all present and provided Mass Choir singing to the delight of the people in the bar at the Nethercliffe Hotel as well as at the Gala Concert in the evening before departing for home in the late hours of the evening.*

*The Local Mòd in Caithness and Sutherland is the only Local Mòd to emulate the National Event by being hosted in a different location in the area each year and is likely to be held in Bettyhill in Sutherland next year before returning to the county once more in 2014.*



***Craig Harvey***

## Mòd Ionadail Inbhir Nis

Thèid Mòd Ionadail Inbhir Nis a chumail air an 15mh agus an 16mh den t-Ògmhios ann an Theatar Cùirt an Aodainn, an Inbhir Nis.

Bho ghluais an tachartas seo gu Cùirt an Aodainn bho chionn dà bhliadhna air ais, chunnaic sinn gun deach àireamhan na farpaisean an àird, le còrr is 850 farpaiseach an-uiridh agus tha sinn toilichte leis an àrdachadh a tha seo airson a' Mhòd againn.

Am-bliadhna, tha e coltach gum bidh na h-aon àireamhan againn, agus 's dòcha tuilleadh, le farpaisich a' cuir a-steach bho àiteachan air feadh na Gàidhealtachd, mar am Blàran Odhar, Baile Dhùthaich, Inbhir Pheofharain, Ulapul, Geàrrloch, an Ath Leathainn, Baile Ùr an t-Slèibh, Obar Dheathain, Inbhir Nàrann agus Inbhir Nis.

Thèid na duaisean a thoirt seachad air Dihaoine an 15mh den t-Ògmhios, ann an Theatair Cùirt an Aodainn, às dèidh farpaisean na cloinne.

Thèid Cèilidh agus dannsa a chumail ann an Taigh Òsta Waterside gus Mòd Ionadail na bliadhna seo a thoirt gu crìch.

## *Inverness Provincial Mod*

*The An Comunn Gaidhealach Inverness Provincial Mod will be held on 15th and 16th June in the Eden Court Theatre Inverness.*

*We are delighted to be able to announce that following our relocation to Eden Court Theatre two years ago the event has attracted a sustained increase cumulating with an entry of over 850 competitors last year. This has been a huge and welcome increase.*

*This year, indications are that the number of competitors should once again equal or surpass that of last year with entries having been received from a wide area including Bettyhill, Tain, Dingwall, Ullapool, Gairloch, Broadford, Newtonmore, Aberdeen, Nairn and Inverness.*

*Following the close of the junior competitions on Friday 15th June there will be a presentation of prizes within Eden Court Theatre.*

*Following the 2 day event there will be a Ceilidh/Dance in the Waterside Hotel.*

## Comunn Gàidhealach an Òbain

Tha Comunn Gàidhealach an Òbain trang an dràsta! Tha cùisean air atharrachadh dhuinn bho chionn ghoirid oir tha Robin Bancs air a dhreuchd mar Cheann-Suidhe a leigeil dheth, as dèidh 30 bliadhna san dreuchd agus 16 bliadhna mar Rùnaire.

Tha ar buill cho taingeil airson an obair mhòr a rinn e dhan mheur againn thairis air na bliadhnachan.

Tha sinn a' cur fàilte chridheil air ar Ceann-Suidhe ùr, Cameron Fletcher.

Tha ullachaidhean airson Mòd Nàiseanta Rìoghail 2015 air tòiseachadh le Coinneamh Phoblach a chaidh a chumail air Dimàirt an 12mh den t-Ògmhios ann an Talla Eaglais Naomh Cholm Cille. Thèid Mòd Ionadail an Òbain a chumail eadar an 22mh agus an 23mh den t-Ogmhios agus tha sinn toilichte innse gu bheil na h-àireamhan air a dhol àirde.

## *Comunn Gàidhealach an Òbain*

*Comunn Gàidhealach an Òbain is busy! The new season started with a huge change. Robin Banks retired as President, having been 30 years in that office and 16 years as Secretary.*

*The members are indebted to him for his unstinting service and for his meticulous care of Branch business.*

*Cameron Fletcher is warmly welcomed as the new President.*

*Preparations are going ahead for Royal National Mod, Oban 2015 with the Public Meeting on Tuesday, 12th June in St. Columba's Cathedral Hall. Ten days later Oban and District Provincial Mod takes place with entries up on last year.*

Ma tha sibh airson fiosrachadh mun Mhòd Ionadail agaibh a chur dhan chuairt-litir seo cuiribh fios thugainn:

*If you wish to include any information about your Provincial Mod in this newsletter please email details to:*

marina@ancomunn.co.uk




## Foirmean airson Pìobaireachd

Tha tide agaibh fhathast cuir a-steach airson farpaisean Pìobaireachd. Tha foirmean iarrtas na bliadhna seo ri fhaighinn aig:

http://www.acgmod.org/nationalmod/entryform/ga
agus bu chòir dhuibh an cuir a-steach ron **13mh den t-Iuchar**.

Gheibhear fiosrachadh mu na farpaisean, riaghailtean agus mar sin air adhart, air an làrach-lìn againn. Ach ma tha cuideachadh sam bith a dhìth oirbh, cuiribh fios gu:
Rena NicAsgaill, Rianadair a' Mhòid, air:

01463 709 705 no post-d air rena@ancomunn.co.uk

## *Piping Entry Forms*

*There is still time to enter this year's Piping competitions. Entry Forms are available at:*

*http://www.acgmod.org/nationalmod/entryform and should be submitted by **13th July.***

*Information about competitions, rules and so on are available on our website. However should you require any additional information please contact:*
*Rena Macaskill, Mod Administrator, on:*

*01463 709 705 or email rena@ancomunn.co.uk*

## Tallaichean airson Mòd 2012

Tha sinn air liosta a chur ri chèile le tallaichean airson farpaisean Mòd na bliadhna seo.
Bheir seo beachd dhuibh càite am bi na farpaisean a' gabhail àite agus cuin.

Ach 's dòcha gun tèid feadhainn aca atharrachadh a-rèir co mheud a chuireas a-steach airson na farpaisean, meud na tallaichean agus mar sin air adhart.

http://www.acgmod.org/nationalmod/moddetail/draft-mod-2012-programme/ga

Bidh am prògram oifigeil ri fhaighinn nas fhaisg air an àm.

## *Venue List Available for Mod 2012*

*We have made a provisional list of venues for this year's Royal National Mod competitions in Dunoon.*

*These will give an idea of where competitions will be located and on which days.*

*Please note however that **this may be subject to change** depending on competitions entries, venue size etc.*

*http://www.acgmod.org/nationalmod/moddetail/draft-mod-2012-programme*

*The official Mod programme will be available in due course.*

## Earrainnean Ainmichte

Tha Earrainnean Ainmichte na bliadhna seo ri ' n ceannachd anns na h-oifisean againn.

Tha CDs cuideachd ri faighinn, le ceòl agus na facail airson farpaisean na cloinne.

Ma tha sibh airson an ceannachd, cuiribh fios thugainn, agus cuiridh sinn a-mach thugaibh iad sa' phost.

## *Prescribed Pieces*

*You can buy the Prescribed Pieces for this year's Royal National Mod from either of our offices.*

*We also have CDs available with Music and spoken words for junior competitions.*

*If you wish to purchase any of these please get in touch and we can post them out to you.*

# GRAND PRIZE DRAW

**1$^{ST}$ Prize: £3, 000**

**2$^{nd}$ Prize: £2, 000**

***3$^{rd}$ Prize: £1, 000***

***Plus many other consolation prizes.***

**Draw will take place on**

**Friday 19$^{th}$ October 2012 @ Mod Dance**

**www.dunoonmod2012.org**

## Ullachaidhean Ionadail!

Tha Comataidh Ionadail a' Mhòid trang ag ullachadh airson a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail a bhios a' tilleadh dhan bhaile aca san Dàmhair!

Tha iad air sreath de thachartasan a chur air dòigh thairis air a' bhliadhna gus airgead a chruinneachadh airson a' Mhòd, mar Cèilidhean ann an Taigh Òsta a' Phàirc, Madainnean Cofaidh agus a' gabhail pàirt aig tachartasan ionadail le stàllaichean, geamaichean mar 'Tombola' agus mar sin air adhart!

Gheibhear liosta de thachartasan sam bith air an làrach-lìn againn aig www.dunoonmod2012.org, anns na pàipearan ionadail, Rèidio Coimhearsnachd Dhùn Omhain agus gheibhear fiosrachadh cuideachd bho Ian Wilson air 01369 703 620.

Ma tha sibh airson taic a thoirt dhan Chomataidh ann an dòigh sam bith, nach cuir sibh fios gu Dick Walsh, Neach-gairm Comataidh Ionadail Mòd 2012 air 01369 700 824 no Jim Ross, Iar Neach-ghairm air 01369 705 115.

## *Local Preparations!*

*The Local Organising Committee are at present busy making preparations for the return of the Mod to their town in October!*

*A programme of fund raising activities and entertainment has been arranged throughout the year with Ceilidhs at the Park Hotel, Coffee mornings and attendance at local events with Tombola Stalls and Raffles!*

*Details of future events will be listed on the website and from our local press as well as Dunoon Community Radio. Further information can be obtained from our entertainment Convener, Ian Wilson 01369703620*

*If you would like to assist the Committee in any way with the above arrangements then please contact the various Conveners mentioned above or contact Dick Walsh Local Mod Convener at 01369700824, or Jim Ross , Vice Convener at 01369705115.*



**Comataidh Iondail Dhùn Omhain**

Pìosan Fèin-thaghte / *Own Choice Pieces* – **30 an t-Ògmhìos** / *June*
Foirmean airson Pìobaireachd / *Piping Entry Forms* – **12 Iuchar** / *July*
Duaisean a thilleadh / *Return of trophies* – **31 Lùnastal** / *August*

**Cuimhnich!**

**PLEASE SEE RULES REGARDING ENTRY DEADLINES AT:**
**http://www.acgmod.org/nationalmod/rules**

## Oifis Inbhir Nis air gluasad

Tha oifis Inbhir Nis air gluasad bho
109 Sràid na h-Eaglaise gu:

**Taigh Baile an Fhàin**
**40 Sràid Hunndaidh**
**IV3 5HR**

Bidh an aon àireamh fòn againn ged ta:
01463 709 705.

Feuch gun dèan sibh cinnteach gur ann gu Taigh Baile an Fhàin a chuireas sibh ceòl, facail agus duaisean airson Mòd Nàiseanta Rìoghail na bliadhna seo, agus chan ann gu Sràid na h-Eaglaise!

## *Relocation of Inverness Office*

Our Inverness office has now relocated from 109 Church Street and is now based at:

**Balnain House**
**40 Huntly Street**
**Inverness**
**IV3 5HR**

The telephone number however will remain as:
01463 709 705.

Please ensure all own choice music and trophies for this year's Royal National Mod are submitted to Balnain House and not Church Street!

### Dè tha dol agaibh?

A bheil tachartasan no naidheachdan sam bith aig a' Chomataidh, Còisir no aig a' bhuidhean agaibh, a bhiodh sibh airson a chur dhan chuairt-litir seo?

Ma tha, cuiribh thugainn an fhiosrachadh gu:
marina@ancomunn.co.uk
no cuiribh fòn air 01851 703 487.

### *What's on?*

*Does your Committee, Choir or Group have any coming events or any news you may wish for us to publish in this newsletter?*

*If so, please forward any information to:*
*marina@ancomunn.co.uk*
*or telephone 01851 703 487.*

**www.ancomunn.co.uk**



































## Bùth a' Chomuinn

Tha cruinneachadh de leabhraichean Gàidhlig, CDs, cairtean Gàidhlig, mìosachain, leabhraichean còcaireachd agus a h-uile seòrsa rud ri fhaighinn ann am Bùth a' Chomuinn ann an Steòrnabhagh.

Cuimhnichibh gu bheil Buill a' Chomuinn a' faighinn lùghdachadh de 10% sa bhùth againn!

Mas e oileanach a th' unnaibh, agus ma tha leabhraichean sònraichte a dhìth oirbh airson cùrsa, cuiribh fios thugainn agus feuchaidh sinn ri grèim fhaighinn air na leabhraichean dhuibh!

Mur a bheil sibh cinnteach dè tha sibh airson ceannachd dha cuideigin mar tiodhlac, gheibhear cuideachd bileag eàrlais agus mar sin, faodaidh iad rudeigin a thaghadh iad fhèin!

## *An Comunn Shop*

*You can buy a variety of Gaelic books, Cds, calendars, greeting cards and much more.*

*Remember An Comunn members get a 10% discount on all purchases! So keep an eye on the 'Merchandise' section of the website in the coming weeks!*

*If you are a student and require specific books for course reading lists, just get in touch and we will try and source the relevant books for you!*

*An Comunn Gàidhealach Gift vouchers are also available which can be used for books, CDs and any of our other stock, so if you're unsure what to buy someone, let them choose themselves!*

**www.ancomunn.co.uk**

Taing mhòr dhan a h-uile duine a chur fiosrachadh thugainn airson a chuairt-litir seo.

*Many thanks to all those who have contributed information for this newsletter.*

## Cinn Latha Feumail!

### Blasad Mhuile
Biadh, Òrain, & Sgeulachdan Ionadail
Diciadain 18 Iuchar
Talla Àros
Tobarmhoire
7.30f
£10.00
enquiries@mullmod.org.uk

### Cuirm @ àm lòn
Le Raonaid Walker & Irene Fhriseal
Diardaoin 21 Ògmhios
1f – 2f (dorsan fosgladh aig 12.30f)
Taigh a' Bhaile, Inbhir Nis
£5 / £1
Thigibh a-steach airson beagan ceòl & òrain thraidiseanta a chluinntinn!
margo.maclennan@highlifehighland.com

### Cèilidh is Dannsa
Cothrom èisteachd ri farpaisich bho Mòd Ionadail Inbhir Nis agus danns le Còmhlan Cèilidh Monach Isle
Taigh Òsta Waterside
Disathairne 16 Ògmhios
7.30f
Ticeadan £8

### Co-bhanntachd Ceòl Traidiseanta

Bùth Obrach Òrain Ghàidhlig

Blàsad
Fiona NicChoinnich
Disathairne 16 Ògmhios 2012
1:30f – 3f
Ionad Turasachd Chul Lodair, Inbhir Nis
Seisean Blàsad freagarrach dha inbhich £5/4
Feumar àite a ghlèidheadh ro-làimhe
Seisean cluiche airson teaghlaich - £1

Tuilleadh fiosrachadh:
Margo NicIllinnein, Co-òrdanaiche Ceòl Traidiseanta
High Life Highland
12-13 Sràid Àird Rois,
Inbhir Nis, IV3 5NS

## *Dates for your Diaries!*

### *A Flavour of Mull*
*Local food, songs, stories,*
*Wednesday 18th July*
*Aros Hall*
*Tobermory*
*7.30pm*
*£10.00*
enquiries@mullmod.org.uk

### *Lunchtime Concert*
*With Rachel Walker & Irene Fraser*
*Thursday 21 June*
*1pm – 2pm (doors open at 12.30pm)*
*Town House, Inverness*
*£5 / £1*
*Pop in to hear some traditional Music & Song!*

margo.maclennan@highlifehighland.com

### *Ceilidh Dance*
*Hear competition winners from the Inverness Provincial Mod and dance to the music of the Monach Isle Cèilidh Band*
*The Waterside Hotel*
*Saturday 16th June*
*7.30pm*
*Tickets £8*

### *Traditional Music Partnership*

*Gaelic Song Workshop*

*Tutor*
*Fiona Mackenzie*
*Saturday 16 June 2012*
*1:30pm – 3pm*
*Culloden Visitor's Centre, Inverness*
*Workshops suitable for Adults £5/4*
*Advanced Booking is required for the workshop*
*Children's activities session available - £1*

*Further information:*
*Margo Maclennan, Traditional Music Co-ordinator*
*High Life Highland*
*12-13 Ardross Street,*
*Inverness, IV3 5NS*

## Thoiribh sùil air na h-Atharrachaidhean air na Pìosan Ainmichte!

Feuch gun tadhail sibh air an ceangail gu h-ìosal gun fhios nach deach atharrachaidhean sam bith a dhèanamh air pìosan ainmichte na farpaisean anns am bi sibh a' gabhail pàirt aig Mòd Nàiseanta Rìoghail na bliadhna seo.

http://www.acgmod.org/nationalmod/moddetail/changes-to-prescribed-pieces

Ma tha ceistean sam bith agaibh a thaobh seo, cuiribh fios thugainn air 01463 709 705

## Sgeama Measaidh a' Mhòid

Cuimhnich gu bheil sinn air atharraichidhean ainmeachadh air sgeama measaidh a' Mhòid, a thig gu buil aig Mòd 2012.

Tha an sgeama ùr coltach ris an fhear a bh' ann ach le atharraichidhean cudromach na chois. Tha eisimpleirean de chòmhraidhean rim faotainn air an làrach-lìn againn aig www.ancomunn.co.uk far am faicear na structaran as cudromaiche a dh' fhaodar a bhith air an cleachdadh agus inbhe gach còmhraidh a dh' fheumas a choileanadh aig gach ìre.

Ma tha sibh airson Measadh a chur air dòigh no airson tuilleadh fiosrachadh, cuiribh fòn gu Seumas Greumach air 01463 709 705 no post-d air james@ancomunn.co.uk

## Ionnsaich Gàidhlig le Ulpan

'S e dòigh luath agus èifeachdach gus cànan ionnsachadh a th' ann an Ùlpan. Tha e air a bhith ga chleachdadh gu soirbheachail fad còrr is 50 bliadhna ann an Iosrael, far an deach an siostam a chruthachadh an toiseach, agus anns a' Chuimrigh, far a bheil Wlpan air mìlltean de luchd-ionnsachaidh a thoirt gu fileantas ann an Cuimris.

Gabhaidh na 324 uairean de theagasg a leantainn aig diofar astaran: bho naoi seachdainean ann an sreath gu 2.25 bliadhna. Anns a' char as fheàrr, chan eil nas lugha na dà sheasan de 1.5 uairean a thìde air làithean eadar-dhealaichte san t-seachdain ga mholadh, agus 's ann nas fheàrr fhathast a tha astar an adhartais, ma chuireas an neach-ionnsachaidh a chuid eòlais gu feum còmhla ri daoine eile gu glè thric.

Airson clas a lorg sa' choimhearsnachd agaibh fhèin neo airson tuilleadh fiosrachadh mu Ulpan, cuiribh fios gu: **oifis@ulpan.co.uk** no tadhlaibh air: www.ulpan.co.uk

## *Check the Changes to Prescribed Pieces!*

*Have a look at the following link to make sure that you are aware of any changes that may have been made to any of the competitions you have entered for this year's Royal National Mod!*

*http://www.acgmod.org/nationalmod/moddetail/changes-to-prescribed-pieces*

*If you have any queries, please feel free to get in touch on 01463 709 705.*

## *Gaelic Assessment*

*Remember that there have been changes made to the Gaelic Assessment scheme, which are now effective for Mod 2012.*

*The new assessment scheme is similar to the old one but with important differences. There are now sample conversations available online at www.ancomunn.co.uk to let competitors see what key structures they should be able to use and the standard of conversation expected for each level.*

*To arrange a test or for further information, please contact James Graham on 01463 709 705 or email james@ancomunn.co.uk*

## *Learn Gaelic with Ulpan*

*Ùlpan is a fast and effective way to learn a language. It has been used successfully for over 50 years in Israel, where it originate, and in Wales, where Wlpan has brought thousands of adult learners to fluency in Welsh..*

*It is made up of 144 units, with additional revision sessions. This 324 hours of tuition can be delivered at varying rates: from nine consecutive weeks to around 2.25 years. A minimum of two 1.5 hour sessions on different days per week is recommended, especially when combined with regular weekly social activities using Gaelic.*
*Ùlpan classes are now available all over Scotland.*

*If you would like to find a class in your area or to learn more about Ulpan, please contact:* ***oifis@ulpan.co.uk*** *or visit www.ulpan.co.uk*

ùlpan
gaelic for adults